

BOIREANNAICH SNA SEIRBHEISEAN

Suas gu toiseach an Dàrna Cogaidh, chaidh mòran de bhuidhnean nam ban a chaidh a dhùnadh an dèidh a' Chogaidh Mhòir a thòiseachadh a-rithist. Nam measg bha:

An WRNS

Chaidh Seirbheis Cabhlach Rìoghail nam Ban a thòiseachadh às ùr sa Ghiblean 1938, agus mu dheireadh bha boireannaich nam pàirt de gach feachd cabhlaich, aig an taigh agus thall thairis. Bha grunnan ag obair air conaltradh dìomhair a' chabhlaich agus a' fuasgladh chòdan airson theachdaireachdan dìomhair. Ro 1941, bha 72,000 boireannach air gabhail dhan WRNS.

An ATS

Chaidh an t-Seirbheis Taic Dhùthchail a thòiseachadh às ùr ann an 1938 agus ro 1945 bha 190,000 boireannach na lùib. Dhràibh agus chàirich iad carbadan, agus dh'obraich iad gunnathan anti-phlèanaichean. Bha a' Bhanrigh na ball den t-seirbheis seo.

An WAAF

Chaidh Feachd-adhair Taic nam Ban a chruthachadh san Ògmhios 1939 agus bha mòran ag obair sna stèiseanan RADAR (A' Lorg Cùrsa le Rèidio) fìor dhìomhair, a chuidich gus Batail Bhreatainn a bhuannachadh. Ro dheireadh a' chogaidh, ann an 1945, bha 153,000 boireannach san t-seirbheis seo.

Uile-gu-lèir, ghabh còrr is 500,000 boireannach dha na seirbheisean le èideadh. Bho 1941, chaidh boireannaich, cho math ri fireannaich, a thogail dhan arm. Leis gun deach barrachd is barrachd fhireannach a thogail dha na feachdan armaichte, cha robh gu leòr air fhàgail gus na factaraidhean a chumail a' dol, no tuathanasan a chumail a' fàs biadh. Dh'fheumadh boireannaich an obair a b' àbhaist do fhireannaich a dhèanamh a ghabhail os làimh.



Dh'obraich iad ann am factaraidhean a' dèanamh phlèanaichean, connadh-armachd, armachd, agus paraisiutan cho math ri stuth eile a bha a dhìth airson iomairt a' chogaidh. Dh'obraich iad uairean fada agus dh'fhaodadh boireannach uimhir ri 40 sgillinn (£2.15) a chosnadh. B' e pàigheadh glè mhath a bha seo ann an 1940, ach cha robh e uimhir ri pàigheadh fireannaich airson na h-aon obrach. Ann an 1943, chaidh boireannaich aig factaraidh Rolls Royce ann an Glaschu air stailc leis gun robh fireannaich gun sgilean a' faighinn pàigheadh na bu mhotha na boireannaich sgileil.

Chaidh an WLA, Feachd Fearainn nam Ban (Feachd Fearainn na h-Alba, ann an Alba) a chruthachadh às ùr san Iuchar 1939 agus chaidh boireannaich a ghabh dhan fheachd a chur a dh'fhuireach air tuathanasan. Fhuair iad pàigheadh 32 sgillinn san t-seachdain (£1.60). Ron Lùnastal 1940 cha robh ach 7,000 boireannach air gabhail dhan fheachd, ach leis gun do dh'adhbharaich bàtaichean-aigeil Hitler gainnead bìdh, chaidh iomairt-trusaidh mhòr a dhèanamh.

Nochd an WLA ann an sanasan mar rud snasail, ach gu fìrinneach, b' e obair chruaidh, fhada a bh' ann. Bha na boireannaich ag obair ann an coimhearsnachdan iomallach, glè thrìc gun uisge nam pìoban, dealan no gas. Cha do dh'obraich na sanasan ro mhath agus, ann an 1943, fhathast cha robh boireannaich gu leòr air an fhearann. Le sin, chuir an riaghaltas stad air boireannaich a bhith a' gabhail dha na seirbheisean armaichte. Ron àm seo ged-tà, bha 90% de bhoireannaich shingilte agus 80% de bhoireannaich phòsta ag obair ann an iomairt a' chogaidh. Ron chogadh, cha robh ach 5 millean boireannach a' cosnadh: tron chogadh bha boireannaich nan treas cuid den luchd-obrach gu lèir ann an gnìomhachasan meatailt agus cheimigean; bha iad cuideachd ag obair an lùib togail bhàtaichean agus togail chàraichean.

Ann an 2005 chaidh carragh-cuimhne a chur suas a chomharrachadh na chuir boireannaich ri iomairt a' chogaidh. Tha i ri taobh na carraigh-cuimhne as cudromaiche san dùthaich, an Cenotaph, ann an Whitehall, Lunnainn. B' e am Màidsear Daibhidh Robasdan a rinn iomairt airson carragh-cuimhne nam ban. Thuirt e:

“Bha boireannaich mìorbhaileach tron chogadh. Bha iad gu fìrinneach nan gnè air leth. B' iad an ginealach a thug seachad, agus 's e irioslachd mhòr a th' ann a bhith a' smaoineachadh air na choilean iad aig àm nuair a bha boireannaich – ged is nàr a ràdh – gam meas nan saoranaich den dàrna clas.”